

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk) \* This is Litir 247.*

Tha mi an dùil gun cuala sibh uile mun *Pholitian*, an long a chaidh fodha faisg air Eirisgeigh tìde a’ chogaidh, anns an robh uiread de dh’uisge-beatha. Ach an cuala sibh mu thachartas ann am meadhan an naoidheamh linn deug ann an Ìle nuair a chaidh long, le deoch làidir air bòrd, fodha far costa siar an eilein? Bha aimhreit is bàs na lùib, agus seo mar a thachair.

Anns a’ Chèitean ochd ceud deug, caogad ’s a naoi (1859), chaidh am *Mary Ann*, a bha a’ seòladh a-mach à Grianaig, air sgeir faisg air baile beag ris an canar Cille Chomainn. Thòisich bogsaichean làn branndaidh, uisge-beatha, sine agus fion air dhol air tìr agus chuir sin muinntir na sgìre air bhoil!

Chaidh na ceudan ann, a rèir aithris ann am pàipear-naidheachd aig an àm. Nam measg bha a h-uile h-iasgair à Port na h-Abhainne. Ach, eucoltach ri muinntir Eirisgeigh anns an fhicheadamh linn, cha do chuir iad an deoch am falach. Uill, ’s docha nach eil sin buileach fìor. Chaidh mòran dhith am falach, ceart gu leòr, ach am broinn nan daoine. An ceann greis bha na ceudan air mhisg. Bha feadhainn cho truagh ’s nach b’ urrainn dhaibh gluasad, is thòisich feadhainn eile air sabaid nam measg fhèin. Bha obair dhoirbh ron dithis phoileas a chaidh ann – an Sairdseant Ceanadach agus an Constabal Siosalach.

Tron là chaidh aig na poilis air smachd a chumail air an t-suidheachadh ach, nuair a thàinig dorchadas na h-oidhche, thòisich cuid dhen fheadhainn a bha an làthair air dèanamh follaiseach nach robh iad toilichte gu robh ùghdarrasan na stàite ann. Dh’fheuch aon duine ri baraille de dh’uisge-beatha fhosgladh, agus chuir na poilis stad air. An uair sin thòisich ùpraid. Bha sabaid ann, a rèir a’ phàipear-naidheachd, eadar an dithis phoileas agus còrr is deich duine fichead de mhuinntir an eilein. Mhair sin leth-uair a thide, agus b’ fheudar do na poilis teicheadh lem beatha gu baile-fearainn mìle air falbh.

Leig bean an tuathanaich, a’ Bhean-phòsta Simpson, a-steach iad, agus ghlas i an doras mòr an aghaidh an luchd-aimhreit. Thug i gunnaichean do na h-oifigearan airson an dìon fhèin. Nuair a chuala an sluagh gu robh gunnaichean aig na poilis, thill iad don chladach.

Air an làrna-mhàireach, bha cùisean air a dhol bhuaithe buileach. Bha iasgair mòr tapaidh à Port na h-Abhainne na shìneadh marbh air a’ chladach. Bha cliù aig Dòmhnall MacPhàidein mar an fhear a bu làidire ann an Ìle ach, mar a sgrìobh am fear-naidheachd anns a’ phàipear, bha am branndaidh na bu làidire eadhon na esan. Dh’fhàg e bean is teaghlach às a dhèidh.

Bha feadhainn eile faisg air bàs leis na bha iad air òl de dheoch làidir, agus chaidh an toirt gu taighean anns an sgìre airson cobhair a dhèanamh orra. Ach cha robh dotair anns an sgìre sin ann. Bha am fear a b’ fhaisg’ orra còig mìle deug air falbh. Agus, as aonais cobhair mhedigeach, chaochail dithis eile. ’S e gnothach tàmailteach a bh’ ann gun teagamh.

Agus cha b’ e sin an deireadh dheth oir thàinig là tiodhlacadh Dhòmhnail MhicPhàidein. Bha aimhreit ann eadhon aig an tiodhlacadh oir bha cuid mì-thoilichte nach robh deoch làidir ann airson “soraidh cheart a leigeil leis an duine”. Chan eil am pàipear-naidheachd ga mhìneachadh, ach saoilidh mi gun deach casg a chur air deoch ann, leis mar a bha mòran anns an eilean air an dubh-mhaslachadh mun chùis, agus leis gur ann air sàilleamh na dighe a fhuair Dòmhnall bochd bàs.

\* \* \* \* \*

**Faclan na seachdainne:** Eirisgeigh: *Eriskay*; Ìle: *Islay*; an Cèitean: *May*; Grianaig: *Greenock*; Cille Chomainn: *Kilchoman*; eucoltach (ri): *unlike*; ùghdarrasan: *authorities*; ùpraid: *uproar*; teicheadh: *fleeing*; baile-fearainn: *farm*; Dòmhnall MacPhàidein: *Donald MacFadyen*; chaochail: *died*; tàmailteach: *disgraceful*.

**Abairtean na seachdainne:** tha mi an dùil gun cuala sibh: *I expect you've heard*; tide a' chogaidh: *during the war*; nuair a chaidh long fodha: *when a ship went down*; bha aimhreit is bàs na lùib: *there was disorder and death involved in it*; bogsaichean làn branndaidh, uisge-beatha, sine agus fion: *boxes full of brandy, whisky, gin and wine*; chuir sin X air bhoil: *that drove X into a frenzy*; a h-uile h-iasgair à Port na h-Abhainne: *every fisherman from Portnahaven*; chaidh mòran dhith am falach: *much of it was hidden*; bha na ceudan air mhisg: *hundreds were intoxicated*; an Sairdseant Ceanadach agus an Constabal Siosalach: *Sergeant Kennedy and Constable Chisholm*; chaidh aig na poilis air smachd a chumail air X: *the police managed to control X*; deich duine fichead: *thirty people (in the old counting system which still holds sway in traditional Gaelic-speaking communities)*; mhair sin leth-uair a thìde: *that lasted half an hour*; an aghaidh an luchd-aimhreit: *against the rioters*; air an làrna-mhàireach: *on the next day*; bha cùisean air a dhol bhuaithe: *things had deteriorated*; na shìneadh marbh: *lying dead*; airson cobhair a dhèanamh orra: *to give them assistance*; gu robh mòran air an dubh-mhaslachadh: *that many were utterly ashamed*.

**Puing-ghràmaid na seachdainne:** gur ann air sàilleamh na dighe a fhuair Dòmhnall bochd bàs: *that it was because of the drink that poor Donald met his death. The point this week is an orthographic one. Sometimes the consonantal sound represented by "v" in English, which is usually given as "bh" in Gaelic, is given as "gh". This is not a whimsical decision by heartless orthographers who want to be hard on learners, but because of dialectal differences. In some cases the "gh" is pronounced like a "y". In today's most strongly Gaelic-speaking areas, dighe (the genitive of deoch, drink) is generally pronounced as "dibhe" and, indeed, it is sometimes written that way, although not as a standard in the dictionaries. Another good example is èigheachd (shouting) which is alternatively pronounced (to momentarily give a semi-anglicised orthography) "èiyachd" or "èivachd".*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** nach robh deoch làidir ann airson "soraidh cheart a leigeil leis an duine": *that there wasn't alcoholic drink there to "farewell the man properly"*. Tha X a' leigeil soraidh (slàn) le Y: *X is bidding farewell to Y*.

\* "*Litir do Luchd-ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig